

DEALBH-OBRACH & PACA-IARRTAIS-OBRACH



Dreuchd	Manaidsear Conaltraidh
Cunntachail gu	Ri aontachadh aig àm cur-an-dreuchd
Stèidhichte	Steòrnabhagh / Glaschu (obair èasgaidh ri fhaighinn)
Deit dùnaidh airson tagraighean	22 Lùnastal 2023, 12f
Agallamhan	28 Lùnastal 2023

3 Lùnastal 2023

A thagraiche chòir

IARRTAS OBRACH – MANAIDSEAR CONALTRAIDH

Tapadh leat airson ùidh a nochdadadh ann an dreuchd Manaidsear Conaltraidh.

Tha MG ALBA a' sìreadh neach a tha gu nàdarra math le daoine agus nan deagh neach-conaltraidh. Neach brosnachail a tha a cheart cho math le daoine 's a tha iad le ùrlaran didseatach.

'S e obair a tha ann a bheir tòrr air ais dhut!

San fharsaingeachd, obraichidh tu a rèir plana a nì cinnteach gu bheil sinn a' bruidhinn agus ag èisteachd ri ar priomh luchd-ùidh air fad. Ach bidh tu cuideachd luath gu gluasad nuair a tha gnothaichean ag atharrachadh mur timcheall. Cha bhi eagal ort am fòn a thogail, agus bidh tu deònach agus comasach a bhith ag obair aig diofar amannan agus àiteachan, agus eadhon air gluasad.

Cumaidh tu do shùilean air na tha a' tachairt (a bhuineas do na meadhanan Gàidhlig) an dà chuid ann an riaghaltasan agus pàrlamaidean, ann am priomh bhuidhnean luchd-ùidh, agus anns na meadhanan, agus stèidhichidh tu siostaman agus liora de dhaoine gus fiosrachadh a chumail riut.

Bidh os shealladh agad air ar luchd-aithne agus bidh tu a' brosnachadh conaltradh a-staigh leis an luchd-obrach agus am bàrd. Os cionn gach nì, bidh tu nad mhodail de dheagh chonaltradh agus feallsanachd sgioba.

Ma tha thu a' smaoineachadh gur dòcha gur tusa a tha seo, leugh air adhart chun chòrr den phasgan tagraidh seo.

Gus tagradh a chur a-steach, cuir thugainn litir-còmhdaidh agus an CV agad le iomradh air do sgilean, eòlas agus comasan, a' cur aire shònraichte air an Sònrachas Obrach. Bu mhath leinn cluinntinn mu do chomasan agus eòlas bhon dà chuid obraichean pàighe agus saor-thoileach.

Ma tha thu ag iarraidh còmhradh neo-fhoirmeil mun obair agus mun chothrom, cuir fios gu Claire NicLeòid, Comhairliche HR, air hr@mgalba.com agus cuiridh sinn air dòigh àm freagarrach airson còmhradh.

Bu chòir dhut do thagradh a chur a-steach ro **12f 22 Lùnastal 2023** gu hr@mgalba.com. Cha tèid beachdachadh air tagraighean a thèid an cur a-steach an dèidh seo.

Thèid agallamhan a chumail air 28 Lùnastal 2023.

Le dùrachd



Dòmhnaill Caimbeul
ÀRD-OIFIGEAR

MU AR DEIDHINN

Cò sinn?

Tha MG ALBA (Seirbheis nam Meadhanan Gàidhlig) a' ruith na seirbheis ioma-ùrlar **BBC ALBA** ann an com-pàirteachas leis a' BhBC. Tha uallach oirnn cuideachd airson [FilmG](#), [Learn Gaelic](#) agus [Speak Gaelic](#) ann an co-bhanntachd le com-pàirtichean eile.

Tha fiosrachadh cudromach mu ar n-amasan agus ar toraidhean airson na bliadhna seo ri fhaighinn nar [Plana Obrachaiddh 2022/23](#).

Càite bheil sinn?

Tha sinn stèidhichte ann an Steòrnabhagh, le làthaireachd cuideachd ann an Glaschu.

Ar Luchd-obrach & Am Bòrd

Tha 40 [neach-obrach](#) againn, le [Bòrd](#) de 9.

Ar n-Àrainneachd Obrach

That has ag obair le dòigh obrach firinneach, fosgailte agus eadar-obrachail. Tha guth gach neach nar sgioba a' cunntadh. That has a' co-roinn nas urrainn dhuinn de dh'fhiorsachadh gus am bi fios aig gach neach ciamar a tha am buidheann a' dèanamh, ciamar a tha sinn uile a' cur ri sin agus ciamar as urrainnear a bhith fiùs nas fheàrr nar n-obair.

That has pròiseil gun do choilean sinn barantachadh bhon taobh a-muigh bho *Broadcast Best Places to*



Work in TV airson ochd bliadhna co-leantaileach, Inbhe Platinum bho *Creideas nar Cosnaichean* agus Inbhe Òir bho *Creideas nar Cosnaichean Òga*. That has dealasach ann a bhith a' dèanamh nas urrainn dhuinn gu bheil ar daoine fallain agus air an coimhead às an dèidh, ag obair le *Healthy Working Lives Awards* agus *We Invest in Wellbeing* bho Chreideas nar Cosnaichean gus seo a choileanadh.

Ullachaidhean Chorporra agus Shòisealta

Mar bhuidheann, that has làn dhealasach mur Ullachaidhean Chorporra agus Shòisealta, a tha air an coileanadh ann an ioma dòigh, nam measg tro ar Poileasaidh Àrainneachd, ar Poileasaidh Fastaidh agus ann an tabhartasan seach airgead chun choimhearsnachd agus buidhnean carthannais. That has gu cunbalach a' toirt seachad eòlas saor an-asgaidh agus uidheamachd gu tachartasan ionadail togail airgid, dannsan carthannais, farpaisean cheist, cuirmean dhuaisean agus bithear cuideachd a' toirt taic do riochdachadh bhidiothan foillseachadh carthannais, tachartasan spòrs, bùihtean-obrach cultarail agus foghlaim agus tachartasan film/Mòd.

DREUCHD OFIGEAR DHÀIMH CHORPORRA

Cùl-fhiosrachadh

Tha raon farsaing de luchd-ùidh aig MG ALBA. 'S iad na daoine as cudromaiche a tha sinn a' frithealadh luchd-cleachdaidh na Gàidhlig agus luchd-amhairc phrògraman Gàidhlig eile. Tha sinn gu làidir den bheachd nach ann dìreach airson adhbharan coimhid a-mhàin a tha an obair a tha sinn a' dèanamh, ach gu bheil an obair mar mheadhan air ath-bheothachadh na Gàidhlig, gu bheil an obair a' cruthachadh misneachd agus dearbh-aithne, agus a' toirt taic do dh'obraichean agus sgilean àrd-inbhe ann an iomadh suidheachadh coimhearsnachd.

Aig ère oifigeil, is e Ofcom, Riaghaltas na h-Alba agus Riaghaltas na RA ar prìomh luchd-ùidh. Feumaidh Bòrd na Gàidhlig, am BBC agus Iomairt na Gàidhealtachd 's nan Eilean aon bhall ainmeachadh air a' Bhòrd againn, agus mar sin tha iad nan luchd-ùidh cudromach cuideachd.

Aig ère obrachaidh, tha ar luchd-obrach, ar bòrd agus riochdairean neo-eisimeileach a' dèanamh cinnteach gu bheil MG ALBA a' cur nam prògraman agus nan goireasan eile as fheàrr ri BBC ALBA.

Ma tha thu a' leughadh seo, bidh fios agad mu thràth gur e an dùbhlann as mothach a th' againn seasmhachd craoladh Gàidhlig san àm ri teachd aig àm far a bheil cosgaisean ag èirigh agus farpas bhorb ann an raon nam meadhanan didseatach. Tha feum aig an t-seirbheis Ghàidhlig air dion reachdail agus maoineachadh a bharrachd ma tha i gu bhith beò agus a' soirbheachadh.

Mar sin, is e àm dùbhlannach ach brosnachail a th' ann. Bu chòir gum biodh a' choimhearsnachd luchd-ùidh gu lèir – a h-uile duine air an deach iomradh gu h-àrd agus feedhainn eile – air leth fiosrachail agus taiceil do dh'àite nam meadhanan Gàidhlig, agus tha sinn airson èisteachd riutha agus a bhith air ar stiùireadh leotha agus sinn a' cur an cèill seallaidhean air àm ri teachd soirbheachail is seasmhach. Mhìnich ar [Lèirsinn: Mapa Slighe airson nam Meadhanan Gàidhlig](#) ar sealladh suas gu 2027.

An dreuchd

Tha sinn a' sireadh neach a thogas, ann an dòigh dealbhaichte agus dìcheallach, mothachadh air obair agus buaidh MG ALBA thar nam buidhnean luchd-ùidh air fad, agus a thogas lìonraidean èifeachdach de churaidean agus luchd-taic.

Bidh an neach san dreuchd gu math furachail mu leasachaidhean ann an raon luchd-ùidh, a' stèidheachadh shiostaman gus fiosrachadh a chruinneachadh agus fiosrachadh a cho-roinn le co-obraichean a thuilleadh air a bhith a' brosnachadh agus a' co-òrdanachadh fhreagairtean bho MG ALBA nuair a bhios feum air. Gabhaidh seo a-steach dòigh-obrach for-ghniomhach a thaobh co-chomhairlean agus a bhith an làthair aig tachartasan leotha fhèin agus le co-obraichean.

A' coimhead air an taobh a-staigh, bidh uallach air an neach-dreuchd airson deagh chonaltradh a-staigh a bhrosnachadh, a' comharrachadh soirbheachasan agus a' cuideachadh le bhith a' cumail mothachadh air adhbhar coitcheann. Nì an tagraiche soirbheachail ath-sgrùdadh air na siostaman conaltraidh againn agus gan ùrachadh, ma bhios sin iomchaidh.

Bidh an neach-dreuchd ag obair gu dlùth leis an t-Àrd-Oifgear, an Stiùiriche Susbaint, an Ceannard Cruth-atharrachadh Didseatach, Ceannard Foillseachaidh, agus na sgioabaidhean aca; agus bho àm gu àm leis a' Chathraiche agus buidhnean air an cur an dreuchd le MG ALBA airson comhairle conaltraidh sònraichte.



Ar Luachan

'S iad na luachan againn na prìomh phrionnsabhal a bhios a' stiùireadh ar n-obrach. Tha iad a' sònraichadh nam prìomhachasan againn agus tha iad mar bhun-stèidh anns gach rud a nì sinn.

Cruthachalachd

- Tha sinn a' comasachadh cruthachadh sàr-shusbaint Ghàidhlig

Luchd-amhairc

- Tha sinn air ar fiosrachadh agus air ar brosnachadh le ar luchd-amhairc

Àrd-amas

- Tha sinn ag amas air agus a' libhrigeadh sàr-mhathas

Co-bhanntachd

- Tha sinn a' coileanadh tro cho-obrachadh

Spèis

- Tha sinn ag èisteachd; tha sinn a' brosnachadh; tha sinn cothromach

FIOSRACHADH TAGRAIDH

Prìomh Chinn-là

Tagraighean a' fosgladh Diardaoin 3 Lùnastal 2023
Deit dùnaidh Dimàirt 22 Lùnastal 2023, 12f
Agallamhan Diluain 28 Lùnastal 2023

Pròiseas Taghaidh

Tha am pròiseas taghaidh air a chur a-mach ann am [Poileasaidh Fastaidh MG ALBA](#).

Pannal Taghaidh

An t-Àrd-Oifigear, Stiùiriche Susbaint, Manaidsear Conaltradh Bhranndaichean, le taic bhon Chomhairliche HR.

Sgrùdadh Co-ionannachd Chothroman

Tha sinn nar fastaichean co-ionannachd chothroman agus bithear a' cumail sgrùdadh air dàta fastaidh. Cuiribh crìoch air an fhoirm an cois seo, a tha a rèir reachdas GDPR.

Tagraichean Ciorramach

Cuirear failte air tagraighean bho dhaoine ciorramach agus tha sinn a' gabhail pàirt san Sgeama Agallamh Barantas Obrach airson tagraichean a tha air iad fhèin a mheasadh mar chiorramach agus a tha a' coileanadh nan slatan-tomhais aig an ìre as isle airson dreuchd bhàn.

Rèitearan

Thèid fios a chur gu dà rèitire nuair a thèid gabhail ri taigse obrach cumhach. Cha tèid fios a chur gu rèitire gun ur cead.

Dàimh le Ball Bùird / Oifigear / Strì eadar Chom-pàirtean

Bu chòir dàimhean le buill bùird no luchd-obrach, no strì chom-pàirtean ann an dà-rìribh no a dh'fhaodadh a bhith air fhaicinn mar strì chom-pàirtean, a chur am follais san tagradh.

GDPR

Thèid dàta pearsanta taobh a-staigh ur tagradh a phròiseasadh, a chumail agus a chur ann an tasglann/cur às dheth a rèir [Sanas Prìobhaideachd MG ALBA](#).

GEÀRR-IOMRADH AIR TEIRMEAN IS CUMHAICHEAN NA H-OBRACH

Ìre	D3
Tuarastal	£38,552-£41,835 (suas gu £43,005 airson neach air leth sònraichte)
Fòrladh bliadhnailean	31 là + 6 saor-làithean poblach
Peinnsean	Sgeama Peinnsein Tabhartas Sònraichte, curidh MG ALBA 10% den tuarastal bliadhnailean, a' dol suas gu 15% ma chuireas an neach-obrach tabhartas de 5% ris
Bàs ann an Seirbheis	4 x Tuarastal Bliadhnailean
Sochairean Eile	Gus dòigh beatha fhallain a bhrosnachadh thathas a' tairgse ballrachd <i>gym</i> . Tha dòighean-obrach math teaghlaich agus sùbailte againn agus thathas a' tairgse sgeama rothaireachd.

Sgeama Pàigheadh Tinneis

Seirbheis suas gu dà bhliadhna	Làn-pàigheadh 1-mhìos agus leth-pàigheadh 1 mhìos, ann an aon bhliadhna
An dèidh seirbheis 2 bhliadhna	Làn-pàigheadh 2-mhìos/leth-pàigheadh 2 mhìos, ann an aon bhliadhna
An dèidh seirbheis 3 gu 4 bhliadhna	Làn-pàigheadh 3-mìosan/leth-pàigheadh 3 mìosan, ann an aon bhliadhna
An dèidh seirbheis 5 bhliadhna	Làn-pàigheadh 4-mìosan/leth-pàigheadh 4 mìosan, ann an aon bhliadhna

Ionnsachadh & Leasachadh

Tha e riatanach gum bi plana Ionnsachaidh agus Leasachaidh aig gach neach-obrach a ni comasach dhaibh fàs nas eifeachdaich nan obair agus na h-amasan bliadhnailean obrach aca a choileanadh. Thathas a' brosnachadh teisteanasan proifeasantan.

Gàidhlig

Is i a' Ghàidhlig cànan obrach MG ALBA. Feumaidh an dreuchd seo ìre làidir de chomas sa chànan. Thèid taic a thoirt do gach tagraighe a tha airson tuilleadh leasachaidh a dhèanamh air a' cheangal aca ris a' Ghàidhlig.

Tuilleadh Fiosrachaidh

Airson còmhchradh neo-fhoirmeil mu pìos sam bith den obair, cuiribh fios gu hr@mgalba.com agus thèid àm freagarrach a chur air dòigh airson còmhchradh.

DEALBH-OBRACH

Tiotal-obrach	Manaidsear Conaltraidh	Ìre	D3	Uaireannan Seachdainneach	37
Stèidhichte	Steòrnabhagh no Glaschu (obair èasgaidh ri fhaighinn)				
Amas	Gus mothachadh a thogail mu àite agus luach nam meadhanan Gàidhlig agus obair MG ALBA.				
Cunntachail do	Ri aontachadh aig àm cur-an-dreuchd				
Le uallach airson	Innealan conaltraidh MG ALBA, stòr-dàta luchd-aithne, brannd companaidh agus stiùireadh stoidhle, làrach-lìn corporra, Facebook, twitter, LinkedIn agus Instagram.				
Dàimhean obrach	<p>Bidh an neach-dreuchd ag obair gu dlùth leis an Àrd-Oifigear agus an Ceannard Cruth-atharrachadh Didseatach – agus cumaidh iad suas co-nbrachadh dlùth leis a' Cheannard Foillseachaidh.</p> <p>Bidh deagh dhàimhean obrach aig an neach san dreuchd le Cathraiche agus Bòrd MG ALBA, a thuilleadh air le luchd-ùidh MG ALBA, com-pàirticheadh thachartasan bhon taobh a-muigh agus luchd-ceangail nas fharsainge ann an roinn a' ghniomhachais agus nam meadhanan.</p> <p>Feumaidh an neach-dreuchd obrachadh gu h-èifeachdach le buidhnean bhon taobh a-muigh.</p>				
Priomh Thoraidhean	<p>Bidh an neach-dreuchd:</p> <ul style="list-style-type: none"> • a' cruthachadh plana, co-cheangailte ri Lèirsinn: Mapa Slighe airson nam Meadhanan Gàidhlig <ul style="list-style-type: none"> ○ gus iomhaigh nam meadhanan Gàidhlig a thogail a-staigh agus a-muigh, a' gabhail a-steach pròiseactan agus amasan MG ALBA ○ sgeulachdan soirbheachais a cho-roinn agus eòlas àrdachadh air mar a tha na meadhanan Gàidhlig a' cur ri builean eaonamach, cultarach agus càin ○ taic fhaighinn bho phriomh luchd-ùidh ann a bhith a' dèiligeadh ris na dùblain a tha mu choinneimh nam meadhanan Gàidhlig agus ann a bhith a' gabhail brath air cothroman ○ lionra de dhaoine, churaidhean agus luchd-taic fhàs ○ fàs gu luath air ruigsinneachd, conaltradh agus buaidh làrach-lìn MG ALBA agus cuntas LinkedIn • am plana sin a libhrigeadh, le taic bho cho-obraighean • dèanamh cinnteach gu bheil conaltradh MG ALBA leis an luchd-ùidh air fad ann an deagh àm, aig ìre àrd gu cunbalach agus a rèir luachan na buidhne • dreachd phàipearan riaghlaidh agus bùird, a thuilleadh air priomh phàipearan luchd-ùidh, leithid freagairtean co-chomhairleachaidh, agus a' dèanamh cinnteach gu bheilear a' conaltradh riutha air an taobh a-staigh agus air an cur a-steach ron cheann-ama • dèanamh cinnteach gu bheil Ùrlaran conaltraidh didseatach MG ALBA (làrach-lìn, meadhanan sòisealta) air an ùrachadh agus a' faighinn fàs ann an conaltradh (fo stiùireadh Ceannard Cruth-atharrachadh Didseatach agus ann an co-nbrachadh le Ceannard Foillseachaidh). 				
Priomh gnìomhan	<p>A' togail dhàimhean:</p> <ul style="list-style-type: none"> • Tog suas lionra buannachdail de luchd-aithne • Cruthaich cothroman tric dhaibh fhèin, an t-Àrd-Oifigear, Cathraiche agus/no stiùiricheadh agus/no buill a' bhùird a dhol an sàs le luchd-buaidh bhon taobh a-muigh • Cruthaich/stiùir fuasgladh bathar-bog èifeachdach airson stiùireadh dàimh • Cuir an gnìomh siostam sgrùdaidh a bheir seachad ùrachaidhean air priomh phiosrachadh (me bho na Pàrlamaidean, bhon Riaghlaidair, na Meadhanan), ag ùrachadh agus a' moladh fhreagairtean don sgioba àrd-stiùiridh & don Bhòrd mar a bhios iomchaidh <p>Conaltradh:</p> <ul style="list-style-type: none"> • Ann an co-chomhairle le Ceannard Foillseachaidh <ul style="list-style-type: none"> ○ Cruthaich plana foillseachaidh mìosail, a' gabhail a-steach priomh theachdaireachdan, seanailean a thèid a chleachdad agus nithean ri bhith air an coimiseanadh (me infographics, beòthachaidhean, bhidio goirid) 				

	<ul style="list-style-type: none"> • Fo stiùir Ceannard Cruth-atharrachadh Didseatach <ul style="list-style-type: none"> ◦ Leasaich làrach-lìn MG ALBA agus cunntas LinkedIn mar phrìomh dhòighean conaltraidh airson luchd-ùidh sònraichte ◦ Leasaich conaltradh air seanailean meadhanan sòisealta MG ALBA airson luchd-ùidh eile • Brosnaich conaltradh taobh a-staigh agus stiùir cunntasan co-cheangailte • Ùghdarrachadh sgriobhainnean àrd-inbhe, a' gabhail a-steach fiosan naidheachd agus freagairtean co-chomhairleachaidh • Dèanamh cinnteach gu bheil dearbh-aithne brannd cunbalach ann thar conaltradh MG ALBA, gu h-àraidh nuair a thathar a' foillseachadh teachdaireachdan air an sgrìobhadh le co-oibricean no treas phàrtaidhean • Ullaich taisbeanaidhean agus brathan a' cleachdadhe pasganan bathar-bog dealbhaidh aontaichte <p>Tachartasan:</p> <ul style="list-style-type: none"> • Stiùir air planadh agus lìbhrigeadh thachartasan MG ALBA (4 sa bhliadhna) • Riochdachadh MG ALBA aig raon de thachartasan is choinneamhan air an taobh a-muigh • Dèan conaltradh leis a' Mhanaidsear Gàidhlig & Gnothaichean Corporra ann a bhith a' co-òrdanachadh an sgioba àrd-stiùiridh agus frithealadh a' bhùird aig tachartasan a bheir taic do dh'obair MG ALBA agus ar luchd-ùidh.
Riosg	<ul style="list-style-type: none"> • Feumaidh gach neach a bhith mothachail air riosg. Tha e mar dhleastanas air gach neach bruidhinn mu riosgan, riosgan air am faicinn, leasachaidhean riosg agus/no cùisean leis a' Mhanaidsear aca no ri buill den Bhuidheann Riosg Corporra
Sgilean bunaiteach	<p>Tha cuideigin le sealladh deimhinneach a thaobh obair le fòcas air sgilean agus a bhith ag obair ann an sgioba riatanach airson soirbheas na dreuchd seo. Sgilean riatanach eile:</p> <ul style="list-style-type: none"> • Teisteanasan agus/no eòlas iomchaidh ann an conaltradh, meadhanan no conaltradh • Neach-labhairt fileanta Gàidhlig na h-Alba agus sàr sgilean sgrìobhaidh ann an Gàidhlig agus Beurla • Cothrom a bhith ag obair gu sùbailte agus siubhal gu cunbalach gu tachartasan • Sgilean IT làidir • Sgilean sàr-mhath ann an riochdachadh sgrìobhainnean agus taisbeanadh agus comas ann an cleachdadhe an làn shreath de thagraidhean MS Office • Comasach air an ùine fhèin a stiùireadh agus deagh bhreithneachadh a dhèanamh ann a bhith a' cur prìomhachas air dòigh a rèir èiginn agus priomhachais • Neach-sgioba làidir, comasach air obrachadh gu co-chomhairleach agus thar sgiobaidhean • Sgilean eagrachaidh agus planaидh sàr-mhath • Ìre àrd de dhealas a thaobh leasachadh pearsanta is proifeiseanta
Fad na h-obrach	Maireannach